An Comunn Gàidhealach
ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Stiùireadh do chòisirean a thaobh lasachaidhean COVID-19 aig tachartasan Mòd 2021

1. Tha e deatamach **nach fritheil sibh tachartas Mòd 2021 ma bhuineas gin de na leanas ribh…**
    a. Gu bheil sibh dearbhte le COVID-19 (lateral flow no PCR)
    b. Gu bheil sibh air a bhith dlùth do neach a tha dearbhte le COVID-19
    c. Gun deach iarraidh oirbh sibh fhèin iomallachadh
    d. Gu bheil sibh ann an cuarantain an dèidh turas a-null thairis
    e. Gu bheil comharran COVID sam bith oirbh
    f. Gu bheil comharran coltach ri cnatan/cnatan-mòr oirbh
2. Tha sinn a' cur ìmpidh oirbh deuchainnean 'sruthadh taobhach' a chleachdadh gu cunbhalach (nas fheàrr an latha ro thachartasan sam bith a tha sibh a' frithealadh) https://www.nhsinform.scot/illnesses-and-conditions/infections-and-poisoning/coronavirus-covid-19/test-and-protect/coronavirus-covid-19-get-a-test-if-you-do-not-have-symptoms
3. Tha 'Trac is Lorg - Cùirt Eden' a' cleachdadh Ap Sgrùdaidh Deuchainn is Dìon NHS Alba gus a dhèanamh cinnteach gu bheil sinn a' gèilleadh do riaghailtean làithreach Trac is Lorg. Tha tional air dàta Trac is Lorg àithneach ann an suidheachaidhean aoigheachd ann an Alba. Faodaidh sibh tuilleadh a leughadh mu dheidhinn an seo. Nuair a thèid sibh a-steach do thogalach Chùirt an Easbaig, thèid iarraidh oirbh ur fiosrachadh conaltraidh a thoirt seachad a' cleachdadh clis-fòn agus an còd QR a tha air a thaisbeanadh. Mura h-eil clis-fòn agaibh, bidh Cuidichean Eòlais Chùirt an Easbaig comasach air an fhiosrachadh seo a chlàradh dhuibh. Tha Cùirt an Easbaig a' gleidheadh na còrach inntrigeadh a dhiùltadh dhaibhsan nach eil ag aontachadh ri tional air an dàta seo, agus cha chuir iad dàil sam bith ann an conaltradh ri Poileas Alba ma bhios neach-ceannach a' cleachdadh droch chainnt ri luchd-obrach ann an diùltadh air an fhiosrachadh air a bheil feum againn a chruinneachadh gu laghail, a thoirt seachad.

    Gheibhear fiosrachadh mu Ap Sgrùdaidh Deuchainn is Lorg NHS Alba air an làraich-lìn aca an seo a' gabhail a-steach am poileasaidh prìobhaideachd, mar a tha dàta ga thional agus dè cho fada.
4. Chan eil feum air ceadan banachdaich gu làithreach airson gnìomhaidhean àrd-ùrlair aig Cùirt an Easbaig.

5. Eadharachadh – Tha siostam eadharachaidh Chùirt an Easbaig air atharrachadh gu h-iomlan gu bhith a' tarraing eadhar bhon taobh a-muigh a-steach don togalach, agus tha seo a' ciallachadh nach eil pàirt sam bith den eadhar air ath-chuairteachadh. Faighibh an stiùireadh riaghaltais as ùire agus sgrùdaibh an ìre dìon san raon seo a thaobh coròna-bhìoras an seo.

6. Bidh stuth-slàinteachaidh làimhe ri fhaotainn air feadh Chùirt an Easbaig. Feuch gun glan sibh ur làmhan nuair a ruigeas sibh agus gu cunbhalach às dèidh sin.
7. Feuch gun cleachd sibh còmhdach-aodainn fad ur turais mura h-eil sibh neo-bhuailteach dha. Faodaidh sibh ur còmhdach-aodainn a thoirt dhibh nuair a bhios sibh nur suidhe aig bòrd sa chafaidh. Feumar còmhdach-aodainn a chleachdadh ann an taighean-dealbh agus taighean-cluiche Chùirt an Easbaig mura h-eil sibh ag ithe no ag òl. Feumaidh luchd-èisteachd còmhdach-aodainn a chleachdadh san ionad-èisteachd.
8. Feuch gun cùm sibh astar air falbh bho dhaoine eile far an urrainn dhuibh spèis a thoirt do dh'àite chàch a chèile.
9. Cumaibh ri stiùireadh sam bith a sgaoileas Cùirt an Easbaig no fiosrachadh sam bith air a phostadh san togalach e.g. a thaobh nan dorsan a chleachdar ann an siubhal tron togalach.
10. Stiùiridh luchd-obrach/stiùbhardan Cùirt Eden na còisirean gu an àite feitheimh.
11. Na bithibh a' suathadh ann an uachdaran air an cleachdadh leis na h-uile, cho fada 's a ghabhas.
12. Faodaidh tu do cheòl fhèin a thoirt leat agus a chleachdadh.
13. An dèidh na farpais, faodaidh buill nan còisirean faighinn a-steach do Thaigh-cluiche an Empire an-asgaidh, gus an còrr den chuirm-chiùil fhaicinn. Bu chòir do bhuill nan còisirean comhairle agus stiùireadh a ghabhail bho luchd-obrach/stiùbhardan Cùirt Eden a thaobh inntrigidh don theatar.
14. A thaobh bhall a' frithealadh Co-chruinneachadh nan Còisirean ann am Pàirc an Northern Meeting air Disathairne 16mh Dàmhair, feuch gun lean sibh an stiùireadh bho luchd-obrach an tachartais nuair a ruigeas sibh.
15. An dèidh tachartas Co-chruinneachaidh nan Còisirean a ruighinn, thèid iarraidh ort d' fhiosrachadh conaltraidh a lìonadh a-steach airson dàta trac is lorg, a' cleachdadh do chlis-fòn agus an còd QR air a thaisbeanadh no le clàradh làimhe.
16. Stiùiridh stiùbhardan an tachartais na còisirean gu an àite airson prògram Co-chruinneachaidh nan Còisirean.
17. Bidh slàintichearan làimhe rim faotainn ann an ionad Co-chruinneachaidh nan Còisirean. Feuch gun glan thu do làmhan nuair a ruigeas tu agus gu cunbhalach às dèidh sin.

Tha tuilleadh comhairle ri fhaotainn taobh a-staigh stiùireadh Riaghaltas na h-Alba - https://www.gov.scot/publications/coronavirus-covid-19-reopening-of-cultural-performances-and-events-guidance/pages/precautionary-measures/. Tha an stiùireadh seo a' mìneachadh nam prìomh bheachdan is earalasan air am faodar beachdachadh.

Ma tha ceistean no beachdan sam bith agaibh mun stiùireadh seo, cuiribh fios gu An Comunn Gàidhealach: *info@ancomunn.co.uk*